

TEACHD –STEACH, CAITEACHAS IS LUCHD-OBACH

Tha an earrann seo ag innse mar a tha gnìomhan is Oifis Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-Diùc na Còirn air am maoinachadh agus a' toirt cunntas air dleastanasan an àrd luchd-obrach. Tha cosgais an luchd-obrach is a' mhòr chuid de chaiteachas air gnìomhan oifigeil agus obair charthannais air a phàigheadh bhon teachd a-steach a tha Am Mòrachdan Rìoghail a' faighinn gach bliadhna bho Dhiùcachd na Còirn.

CUNNTAS TEACHD A-STEACH IS CAITEACHAIS

A' bhliadhna gu 31 Màrt	2007 £000an	2006 £000an
Teachd a-steach is maoinachadh		
Diùcachd na Còirn	15,174	14,067
Tabhartasan Cuideachaidh	2,026	1,584
Roinnean Riaghaltais	428	489
Teachd a-steach iomlan is maoinachadh	17,628	16,140
Caiteachas		
Dleastanasan oifigeil is gnìomhan carthannais	7,260	6,587
Tabhartasan-gus-Cuideachadh:		
Oifis Lunnainn is àite-còmhnaidh oifigeil	461	355
Siubhal oifigeil air plèana is rèile	1,485	1,149
Taic conaltraidh	80	80
	<u>2,026</u>	<u>1,584</u>
Tursan thall thairis is fo-fhastadh armailteach	428	489
Caiteachas oifigeil	<u>9,714</u>	<u>8,660</u>
Còrr an dèidh Cosgaisean Oifigeil	7,914	7,480
Cìs air còrr	3,434	3,296
Caiteachas neo-oifigeil	2,614	2,181
Còrr gnìomhachail	1,866	2,003
Caiteachas calpa le lùghdachadh ìsleachaidh, ath-phàigheadh iasadan agus atharrachadh gu tasgaidhean	(1,671)	(1,867)
Còrr cruinn airgid-làimhe	195	136

TEACHD A-STEACH IS MAOINEACHADH

Diùcachd na Còirn

£milleanan
15.174

Diùcachd na Còirn

Mar a th' air a mhìneachadh air duilleagan 6 agus 7, tha teachd a-steach prìobhaiteach Prionnsa na Cuimrigh a' tighinn bho Dhiùcachd na Còirn, oighreachd a th' air a dèanamh suas de sheilbh àiteachais, mhalairteach is còmhachail, sa mhòr-chuid ann an Iar Dheas Shasainn. Tha màileid thasgaidh ionmhasail aig an Diùcachd cuideachd.

Tha A Mhòrachd Rìoghail a' roghnachadh cuibhreann mhòr de theachd a-steach na Diùcachd a chleachdadh airson cosgaisean obair phoblach is charthannais fhèin, is na Ban-Diùc, a choinneachadh. Bha an t-àrdachadh de 7.9% ann an còrr na Diùcachd ann an 2006-07 gu mòr air sgàth fàs san teachd-a-steach bhon màileid ann am màl seilbh mhalairtich, ged a bha lùghdachadh ann am pàirt dhen seo ri linn an àrdachaidh mhòr ann an cosgaisean càraidh is cumail suas.

Tha cunntasan bliadhnaile Diùcachd na Còirn clò-bhuailte le The Stationery Office (TSO) agus gheibhear air lethbhreac òrdachadh air a' phost bho TSO, PO Box 29, Duke Street, Norwich NR3 1LN; air-loidhne: www.tso.co.uk/bookshop; air fòn: 0870 600 5522. Cuideachd ri fhaighinn aig www.duchyofcornwall.org

Tabhartasan Cuideachaidh

£milleanan
2.026

Tha am maoinachadh airson pàigheadh chosgaisean oifigeil a chaidh a tharraing às leth no airson taic don Bhànrigh mar Cheann na Stàite pàighte leis a' Phàrlamaid an àite toirt seachad teachd a-steach bhon Oighreachd Rìoghail. Tha am maoinachadh seo ga thabhann ann an trì dòighean: (i) Liosta Chatharra dhan Bhànrigh agus Suim Bhladhnaile Phàrlamaideach dha Diùc Dhùn Èideann, (ii) Tabhartasan Cuideachaidh agus (iii) cosgaisean pàighte dìreach le Roinnean Riaghaltais. Chan eil Prionnsa na Cuimrigh no Ban-Diùc na Còirn a' faighinn Liosta Chatharra no Suim Bhladhnaile Phàrlamaideach ach tha na Tabhartasan Cuideachaidh a tha pàighte do Dhachaigh na Bànrìghe, gan cleachdadh, ann am pàirt, gu taic a chur rin gnìomhan oifigeil.

Tha trì Tabhartasan Cuideachaidh ann: Tabhartas Cuideachaidh Seirbheis Seilbhe, a bhios a' coinneachadh chosgaisean cumail suas taighean-còmhnaidh is oifisean a bhios buill den Teaghlach Rìoghail is an luchd-obrach a' cleachdadh; Tabhartasan Cuideachaidh Siubhal Rìoghail air plèana no trèana; agus Tabhartasan Cuideachaidh nan Conaltraidhean is an Fhiosrachaidh Rìoghail a tha mòran nas lugha na na dhà eile agus a bhios a' coinneachadh cuid de chosgaisean conaltraidh às leth Buill den Teaghlach Rìoghail.

Tha cunntasan bliadhnaile gan clò-bhualadh airson nan trì Tabhartasan Cuideachaidh. Tha lethbhric air am breacadh air www.royal.gov.uk no gheibhear iad bho Leas Rùnaire na Bànrìghe, Lùchairt Bhuckingham, Lunnainn SW1A 1AA.

Roinnean Riaghaltais

£milleanan
0.428

Dha Prionnsa na Cuimrigh is Ban-Diùc na Còirn, tha Roinnean Riaghaltais a' coinneachadh caiteachas co-cheangailte ri luchd-obrach air fo-fhastadh bho na Seirbheisean Armaichte (chaidh £220,829 a chaitheamh le Ministrealachd an Dìon ann an 2006-07) agus cuid de chosgaisean oifigeil tursan thall-thairis a chaidh an gabhail os làimh an dèidh iarrtasan bho Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis (chaithe Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis £207,158 ann an 2006-07).

CAITEACHAS

Dleastanasan oifigeil is gnìomhan carthannais

£milleanan
7.260

Chaidh còrr air 60% de theachd-a-steach an dèidh cìse Prionnsa na Cuimrigh bho Dhiùcachd na Còirn a chosg air dleastanasan oifigeil is gnìomhan carthannais. Den £7.260 millean chaidh £4.8 millean no 66% a chosg air luchd-obrach. Tha mion-sgrùdadh air caiteachas oifigeil ri fhaighinn air duilleag 53.

Tha co-ionann ri 136.5 neach-obrach làn-uine aig Prionnsa na Cuimrigh. Dhiubh sin tha 106.5 a' toirt taic dom Mòrachdan Rìoghail, a' gabhail a-steach Prionnsa Uilleam is Prionnsa Harry, len dleastanasan oifigeil is an gnìomhan carthannais, agus tha 30 dhiubh nan luchd-obrach pearsanta, gàrraidh is tuathanachais.

Tha an clàr air duilleag 48 a' liostadh an luchd-obrach oifigeil ann an roinnean Teaghlach agus cuideachd a' toirt seachad a' chosgais iomlan, a' gabhail a-steach thuarastalan is caiteachas eile anns gach roinn.

Tabhartas Cuideachaidh: Oifis Lunnainn is taigh-còmhnaidh oifigeil

£milleanan
0.461

'S e Taigh Chlarence, oifis Lunnainn agus àite-còmhnaidh oifigeil Prionnsa na Cuimrigh, Ban-Diùc na Còirn, Am Prionnsa Uilleam is Am Prionnsa Harry. Tha e air a chleachdadh airson dinnearan oifigeil, cuirmean is coinneamhan, a thuilleadh air oifisean dha luchd-obrach oifigeil Am Mòrachdan Rìoghail. Tha na prìomh rumannan, a th' air làr ìosal Taigh Chlarence, fosgailte dhan t-sluagh bhon Lùnastal chun Dàmhair gach bliadhna, ged a tha iad dùinte corra là fhad 's a tha Am Prionnsa is A' Bhan-Diùc a' fuireach ann. Fhuair còrr air 2,500 neach aogheachd oifigeil ann an Taigh Chlarence rè na bliadhna agus phàigh 29,000 neach-turais airson faighinn a-steach. Tha oifisean aig an Teaghlach cuideachd ann am pàrtean eile de Lùchairt Naomh Sheumais. Tha Tabhartasan Cuideachaidh nan Seirbheisean Seilbhe a' coinneachadh chosgaisean cumail suas Taigh Chlarence agus nan oifisean eile a th' anns an Lùchairt.

Tabhartas Cuideachaidh: Siubhal oifigeil air plèana is trèana

£milleanan
1.485

'S e pàirt cudromach de dhleastanas Prionnsa na Cuimrigh na dhreuchd mar Oighre a' Chrùin a bhith, còmhla ri Ban-Diùc na Còirn, a' toirt dhaoine cruinn còmhla ann an diofar phàrtean den RA, a bhith na chomharra airson beatha nàiseanta agus a bhith a' riochdachadh na dùthcha thall-thairis. Tha seo a' toirt a-steach mòran siubhal agus feumar a gabhail os làimh ann an dòigh a choinnicheas ri riatanasan èifeachdachd, tèarainteachd is taisbeanachd. Ann an 2006-07, shiubhail Am Mòrachdan Rìoghail 52,268 mìltean gu is bho dhleastanasan oifigeil san RA is thall-thairis. Tha am figear seo a' gabhail a-steach 31,500 mìle de shiubhal thall thairis. Thàinig cosgaisean nan tursan seo, gun a bhith a'cunntadh siubhal le càr, gu £1.485 millean ann an 2006-07, is chaidh seo a choinneachadh ri Tabhartas Cuideachaidh Siubhal Rìoghail air Plèana no Trèana.

Tha am figear seo a' gabhail a-steach cosgaisean caochlaideachail airson tursan a chaidh a dhèanamh a' cleachdadh 32 Squadron, Heileacoptair na Bànrìghe agus an Trèana Rìoghail. Tha seo air sgàth 's gu bheil na suimean suidhichte gan cosg co-dhiù am bithear a' cleachdadh a' phlèana no na trèana neo nach bi agus chan eil iad mar thoradh air tursan sònraichte. Airson làn mhìneachaidh faic Aithisg Bhliadhnaile Tabhartas Cuideachaidh Siubhal Rìoghail air Plèana is Trèana 2006-07 – ri fhaighinn air www.royal.gov.uk.

Tabhartas Cuideachaidh: Taic Conaltraidh

£milleanan
0.080

Tha Oifis Prionnsa na Cuimrigh a' tarraing caiteachas le bhith a' leasachadh is a' ruith prògram conaltraidhean, a' cumail Oifis Naidheachd, ag ùrachadh is a' leasachadh a làraich-lìn, a' toirt fiosrachadh coitcheann is foghlaim dha luchd-naidheachd is dhan t-sluagh, agus a' tabhann Oifigearan Naidheachd airson na meadhanan a chuideachadh aig tachartasan oifigeil is tursan. Tha Prionnsa na Cuimrigh gu pearsanta a' coinneachadh a' mhòr chuid de na cosgaisean sin. Ach tha cosgaisean a thèid a tharraing le cuideachadh nam meadhanan aig dleastanasan tron dùthaich, rin canar taic conaltraidh, air a bhith, gu traidiseanta, air am pàigheadh a-mach à Tabhartas Cuideachaidh Conaltraidhean is Fiosrachadh Rìoghail.

Fo-fhastaidhean armailteach is tursan thall-thairis

£milleanan
0.428

Tha an Luchd-Frithealaidh (aon làn-ùine is aon pàirt-ùine) agus dithis a-mach às na ceathrar Oifigearan fo-fhastichte bho na Seirbheisean Armaichte airson Prionnsa na Cuimrigh is A' Bhan-Diùc a chuideachadh le gabhail os làimh dleastanasan oifigeil. Tha dleastanas an Luchd-Frithealaidh air a mhìneachadh air duilleag 49. Bha a' chosgais air Ministreachd an Dìon £220,829 ann an 2006-07.

Tha Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis a' coinneachadh ri cosgaisean Tursan Oifigeil Prionnsa na Cuimrigh is Ban-Diùc na Còirn thall thairis (ach a-mhàin cosgaisean-siubhail plèana is trèana a tha pàighte le Tabhartas-gus-Cuideachadh Siubhail Rìoghail). Ann an 2006-07 ghabh A Mhòrachd Rìoghail os làimh tursan oifigeil gu Pagastan, ceithir stàitean sa Chamas (Kuwait, Cuatàr, Bahrain is Emirate Aonaichte Arabach), Sierra Leone, Nigeria agus na Stàitean Aonaichte. Chaidh na tursan sin a ghabhail os làimh an dèidh iarrtas bho Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis airson togail is neartachadh a dhèanamh air na ceanglaichean matha a th' aig an RA le dùthchannan air feadh an t-saoghail. Tharraing cosgaisean nan tursan sin £207, 158 dha Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis ann an 2006-07.

Cìs

£milleanan
3.434

Tha Prionnsa na Cuimrigh gu saor-thoileach a' pàigheadh cìs cosnaidh air corra Diùcachd na Còirn, air riaghailtean cumanta cìs-cosnaidh is aig reit làithreach 40%, agus tha e a' pàigheadh cìs-cosnaidh agus cìs buannachd calpa air a theachd a-steach eile gu lèir mar neach priobhaiteach sam bith. Tha cìs airson na bliadhna a' gabhail a-steach VAT.

Caiteachas neo-oifigeil

£milleanan
2.614

A thuilleadh air a bhith a' pàigheadh airson dleastanas oifigeil, gnìomhan carthannais agus buailteachd cìs-cosnaidh Prionnsa na Cuimrigh, tha an teachd a-steach bho Diùcachd na Còirn air a chleachdadh airson coinneachadh ri caiteachas pearsanta Prionnsa na Cuimrigh, Ban-Diùc na Còirn, agus Prionnsa Uilleim is Prionnsa Harry.

Tha caiteachas neo-oifigeil a' gabhail a-steach cosgais tuarastail 12.5 luchd-obrach pearsanta làn-ùine, a' gabhail a-steach rùnairean pearsanta, luchd-obrach chunntasan is sgiobachd, còcairean, gillean-coise, dràibhear an luchd-obrach dha Ban-Diùc na Còirn agus dha Prionnsa Uilleam is Prionnsa Harry. A thuilleadh air sin tha 17.5 de luchd-obrach oighreachd, gàrraidh is stàbaill ann. Tha caiteachas pearsanta cuideachd a' gabhail a-steach, mar an aon nì singilte as motha, roinn iomchaidh de chosgais Highgrove House agus Birkhall, agus cumail suas na h-oighreachd is a' ghàrraidh aig Highgrove. 'S e tasgadh luachmhor a th' anns a' ghàrradh air a bheil còrr is 20,000 neach a' tadhal an-asgaidh gach bliadhna.

Tha toraidhean Home Farm, tuathanachas fàs-bheairteach A' Phrionnsa air Oighreachd Highgrove, air an gabhail a-steach fon cheann seo. 'S e tuathanachas obrachail a th' ann an Home Farm a stèidhich Prionnsa na Cuimrigh airson buannachdan malairteach is àrainneachdail tuathanachais fàs-bheairteach fhoillseachadh. Tha mu 2,000 neach a' tadhal gach bliadhna airson ionnsachadh mu thuathanachas fàs-bheairteach.

LUCHD-OBRACH

Aig is airson na bliadhna gu 31 Màrt 2007

Luchd-obrach co-ionann
ri làn-ùine

Cosgaisean oifigeil
£000an

Àrd Rùnaire Priobhaideach is Cuidichean

Oifis nan Rùnairean Priobhaiteach		
Rùnaire Priobhaiteach	1.0	
Leas Rùnairean Priobhaiteach is Cuidichean	7.2	
Oifis Prionnsa Uilleim is Prionnsa Harry	1.9	
Luchd-frithealaidh	1.5	
Co-òrdanaichean Prògram is Siubhail	4.0	
Luchd-obrach Rannsachaidh is Rianachd	10.4	
Conaltradh	3.6	
	33.1	1,944

Ionmhas, Sgiobachd is Rianachd

Ionmhasair is Cuidiche	2.0	
Ionmhas is Clàr-seilbhe	8.5	
Sgiobachd	5.7	
Tasglainn	3.0	
Manaidsear Siostaman IT	1.0	
	20.2	1,684

Conaltraidhean

Rùnaire Conaltraidh is Cuidiche	2.0	
Rùnaire nam Meadhanan	1.0	
Leas Rùnairean Naidheachd	2.0	
Oifigearan Naidheachd is Deasaiche-lìn	4.0	
	9.0	689

Maighstir Roinn an Àrois

Maighstir an Àrois is Cuidichean	3.0	
Buidealairean	2.0	
Còcairean is Dorsairean Cidsin	6.2	
Searbhantan	5.0	
Fàilteachas	2.1	
Dràibhear	2.5	
Manaidsearan taighe is Luchd Banas-taighe	6.8	
Gillean-coise is Luchd-èididh	1.5	
Luchd-obrach an Orchard Room	0.7	
Gàirnealairean is Luchd-obrach na h-oidhreachd	8.0	
	37.8	2,943

Buidhnean carthannais A' Phrionnsa

Stiùirichean is Cuidichean	3.0	
Leas Stiùiriche	0.6	
Ceannard Leasachaidh	1.0	
Comhairliche	0.8	
Mion-sgrùdaire	1.0	
	6.4	—

Luchd-obrach Oifigeil iomlan aig 31 Màrt 2007 106.5

Cosgais iomlan dleastanasan oifigeil is
gnìomhan carthannais na bliadhna gu 31 Màrt 2007

7,260

A thuilleadh air na tha gu h-àrd, tha Bunait Charthannais A' Phrionnsa a' toirt cosnadh dha daoine a tha ag obair gu sealach air pròiseact Accounting for Sustainability A' Phrionnsa.

Oifisean

'S ann ann an Taigh Chlarence agus ann an rumannan eile ann an Lùchairt Naomh Sheumais, am meadhan Lunnainn, far am bi a' chuid mhòr den luchd-obrach ag obair, a tha prìomh oifisean Prionnsa na Cuimrigh is Ban-Diùc na Còirn agus Prionnsa Uilleim is Prionnsa Harry. Tha cosgais cumail suas structair Clarence House a thuilleadh air goireasan is fònaichean suidhichte (ach chan eil cosgaisean eile oifis Lunnainn) air an tarraing bho Tabhartas Cuideachaidh Seirbheisean Seilbhe (faic duilleag 46). Tha oifisean dha luchd-obrach oifigeil aig taighean-còmhnaidh prìobhaiteach Am Mòrachdan Rìoghail, ann an Highgrove is Birkhall, airson Am Prionnsa a chuideachadh le obair leantainneach. Mar sin, tha cuid de chosgaisean bho Highgrove is Birkhall air a chur a-null gu roinn caiteachais "nan dleastanasan oifigeil is nan gnìomhan carthannais", ged a tha a' chuid mhòr de na cosgaisean sna taighean sin air an cur gu 'Caiteachas Pearsanta'.

EAGRACHADH LUCHD-OBACH IS OIFIS

An t-Àrd Rùnaire Prìobhaiteach

'S e an t-Àrd Rùnaire Prìobhaiteach àrd bhall Teaghlach Prionnsa na Cuimrigh is Ban-Diùc na Còirn agus 's ann ris a tha ruith iomlan an Teaghlach agus stiùireadh buidhnean carthannais is buidhnean eile A' Phrionnsa an urra.

Oifis nan Rùnairean Prìobhaiteach

Tha obair làitheil Oifis nan Rùnairean Prìobhaiteach an urra ris an Rùnaire Prìobhaiteach. Bidh an Rùnaire Prìobhaiteach, is a Leas Rùnaire is Cuidichean an Rùnaire Phrìobhaiteach a' toirt taic do dhleastanasan oifigeil, dleastanasan eile is gnìomhan carthannais Prionnsa na Cuimrigh is Ban-Diùc na Còirn. Bidh iad a' deasachadh leabhar-là Am Mòrachdan Rìoghail, ag eagrachadh prògram an tursan aig an taigh is thall-thairis, a' cur air dòigh seiseanan fiosrachaidh, cuirmean is dleastanasan eile, a' dèiligeadh ri litrichean, agus a' co-òrdanachadh rannsachadh is fiosrachadh airson taic a chur rin obair. Tha gach Rùnaire Prìobhaiteach an urra ri roinnean sònraichte agus ri bhith a' dèanamh ceangal ri cuid de bhuidhnean A' Phrionnsa is na Ban-Diùc. Tha na h-uallaichean sin, a thuilleadh air uallaichean àrd luchd-obrach eile air an liostadh sa Phàipear-taice (faic duilleagan 54 is 55). Bidh iad cuideachd a' dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh ga chumail ri Mhòrachd Rìoghail mu chùisean àmail agus bidh iad a' toirt fiosrachadh dha airson litrichean a bhios e a' sgrìobhadh gu ministearan is daoine cumhachdach eile agus bidh iad a' deasachadh dhreachan airson nan òraidean is nan artaigilean aige. Tha rannsaichean, cuidichean pearsanta is luchd-obrach rianachd a' toirt taic dha na Rùnairean Prìobhaiteach agus bidh iad ag obair gu dlùth còmhla rin co-oibrichean ann an Oifis Rùnairean Prìobhaiteach na Bànrìghe.

'S ann air an Rùnaire Prìobhaiteach a tha uallach Oifis an Neach-frithealaidh, a bhios a' co-òrdanachadh prògram dhleastanasan Prionnsa na Cuimrigh is Ban-Diùc na Còirn. Bidh Oifis an Neach-frithealaidh a' stiùireadh leabhraichean-là Am Mòrachdan Rìoghail gach latha, a' dèanamh ceangal eadar luchd-obrach, na Poileis is buidhnean bhon taobh a-muigh, agus a' cur air dòigh a' phrògram fad-ùine. Bidh Oifis an Neach-frithealaidh cuideachd a' stiùireadh rèiteachadh àireamhachail is còmhdhala airson tursan aig an taigh is thall thairis. Tha an Neach-Frithealaidh na oifigear a chaidh a fho-fhastadh bho na Feachdan dhan Teaghlach airson mu dhà bhliadhna.

Gach bliadhna bidh Am Prionnsa is A' Bhan-Diùc a' faighinn mhiltean de chuiridhean bho raon farsaing de bhuidhnean san roinn phoblach is phrìobhaiteach. Tha Am Mòrachdan Rìoghail is an luchd-obrach a' beachdachadh gu cùramach air gach aon dhiubh. Bidh an neach-frithealaidh a' dèanamh ceangal ri na Rùnairean Prìobhaiteach, ri Oifis nan Naidheachd is prìomh bhuidhnean gus dèanamh cinnteach gum bi Am Prionnsa is a' Bhan-Diùc, gach bliadhna, a' còmhdach raon farsaing de ghnòthaichean is a' coinneachadh ri tar-dhealbh de dhaoine bho cheàrnaidhean cho sgapte den dùthaich is a ghabhas.

Tha an Neach-frithealaidh is an Neach-frithealaidh Sealach cuideachd nan ceanglaichean-fiosrachaidh airson cùisean armailteach is dìon. Tha Prionnsa na Cuimrigh a' cumail ceanglaichean dlùth ri na Feachdan Armaichte, chan ann a-mhàin ann am Breatainn ach cuideachd sa Cho-fhlaitheas. Tha Am Prionnsa cuideachd ann an dreuchd Àrd Mharaiche san Nèibhidh Rìoghail, na Sheanalair san Arm agus na Air Chief Marshal ann am Feachd Rìoghail an Adhair.

Tha Prionnsa na Cuimrigh a' cumail dàimh shònraichte ri 12 rèiseamaid. Tha e cuideachd na Honorary Air Commodore ann an Royal Air Force Valley, na Commodore-in-Chief den Royal Naval Command, ann am Plymouth, na Air-Commodore-in-Chief ann am Feachd Rìoghail Adhair Shealain Nuaidh, Colonel-in-Chief den Royal Australian Armoured Corps, agus tha e a' cumail dàimh shònraichte ri ochd rèiseamaidean Co-fhlaitheis mar am Prìomh Chòirnealair.

Bidh Prionnsa na Cuimrigh a' gabhail In-shealbhachaidhean aig lùchairt Bhuckingham gach bliadhna (ghabh e sia os làimh ann an 2006-07) agus a' frithealadh chuirmean stàite cuideachd às leth na Bànrìghe. 'S e Oifis an Neach-frithealaidh a tha an urra ri eagrachadh nan dleastanasan sin.

Bidh Prionnsa na Cuimrigh, Ban-Diùc na Còirn, Prionnsa Uilleam is Prionnsa Harry a' faighinn àireamh mhòr de litrichean a h-uile bliadhna. Ann an 2006-07, mar eisimpleir, fhuair iad 31,853 litrichean. Bidh daoine bho air feadh an t-saoghail a' sgrìobhadh gu Am Mòrachdan Rìoghail, ged a tha a' chuid mhòr de na litrichean bhon RA. Bidh na litrichean a' còmhachadh raon farsaing de chuspairean agus tha iad tric ag èirigh a-mach à cùisean làithreach is deasbadan. Bidh Am Mòrachdan Rìoghail a' faicinn taghadh farsaing de na litrichean agus sgrìobh Am Prionnsa, gu pearsanta, 2,134 litrichean ann an 2006-07. Sgrìobh Ban-Diùc na Còirn, gu pearsanta, 1,503 litrichean agus le chèile sgrìobh iad 53. Bidh Am Mòrachdan Rìoghail a' dèanamh cinnteach gun tèid freagairt a thoirt dha litrichean nach freagair iad fhèin no an Rùnairean Priobhaiteach, le Roinn a' Chonaltraidh às an leth. Far am bi sin iomchaidh, cuiridh Roinn a' Chonaltraidh fiosrachadh a-steach mu obair charthannais ùidhean is gnìomhan A' Phrionnsa is na Ban-Diùc, a thuilleadh air fiosrachadh eachdraidheil, is bun-fhiosrachaidh eile dha sgoiltean is daoine òga. A thuilleadh air sin, bidh Am Prionnsa is A' Bhan-Diùc a' faighinn iarrtasan bho mòran de bhuidhnean carthannais is buidhnean eile airson tabhartasan no rudan a thèid gu rup. Tha Roinn an Ionmhais a' dèiligeadh ri iarrtasan airson tabhartasan, fhad 's a tha Roinn a' Chonaltraidh a' dèiligeadh ri iarrtasan airson rudan airson rup. Ged nach eil e comasach dèiligeadh ri gach iarrtas a thaobh rudan airson rup, bidh A Mhòrachd Rìoghail a' toirt seachad nithean leithid lithographs de a pheantadh, leabhraichean soidhnichte agus cuairtean tron ghàrradh aig Highgrove. Ann an 2006-07, thog rudan a chaidh a thoirt seachad airson rup còrr air £180,000 dha cathrannas.

Oifis Prionnsa Uilleim is Prionnsa Harry

Tha uallach air Rùnaire Priobhaiteach Prionnsa Uilleim is Prionnsa Harry airson obair làitheil na h-oifis, a' gabhail a-steach dleasan oifigeil is obair charthannais. Bidh an oifis cuideachd a' toirt taic, a' dealbhadh is a' comhairleadh an co-cheangal ri dreuchdan armailteach is fad-ùineach nam Prionnsaichean agus bidh i a' dèiligeadh ri cùisean pearsanta rianachd.

Ionmhas, Sgiobachd is Rianachd

'S ann air Roinn Ionmhais, Sgiobachd is Rianachd a tha uallach airson rianachd ionmhasail is sgiobachd, siostaman fiosrachaidh agus rianachd choitcheann an Teaghlach.

'S e an t-Ionmhasair a th' air ceann na roinne, le cuideachadh bho Smachdair an Ionmhais agus Ceannard Sgiobachd is Rianachd.

Tha Roinn an Ionmhais a' cumail smachd ionmhasail tro cho-chur bhuidseatan bliadhnail, cunntasan rianachd mìosail agus sreath de shiostaman is modhan cunntais, gu h-àraidh airson caiteachas ùghdarrasachadh. Tha uallach oirre cuideachd airson a bhith faighinn luach an airgid agus bidh i a' cumail clàr-seilbhe de ghibhtean is maoin Am Mòrachdan Rìoghaile.

Tha uallach air an Ionmhasair airson ionmhas is rianachd Charities Foundation A' Phrionnsa san RA agus airson US Charitable Foundation. 'S ann oirre cuideachd a tha uallach mu A. G. Carrick Earranta, aon de bhuidhnean malairteach UK Foundation, a bhios a' faighinn teachd a-steach bho reic lithographs de dhealbhan A' Phrionnsa is bho dleasaidhean-ùghdair clò-bhualadh leabhraichean. Tha còrr air £6 millean ann an teachd a-steach bliadhnail an dà Bhunait. A thuilleadh air sin, tha an Ionmhasair a' cumail sùil air gnòthaichean ionmhasail prìomh bhuidhnean carthannais A' Phrionnsa agus tha gnòthaichean clò-bhualaidh, cùmhnantachaidh is reachdail an urra rithe cuideachd.

Tha an Teaghlach ag amas air àrainneachd-obrach choileanta a thabhan agus obair dhaoine fa leth is toileachas-obrach a bharrachadh. Tha Roinn na Sgiobachd a' coileanadh nan amasan sin, còmhla ri fastadh luchd-obrach, pàigheadh, trèanadh is leasachadh obrach, conaltradhean bhon taobh a-staigh agus dàimhean luchd-obrach. Bidh i cuideachd a' cur air dòigh fo-fhastaidhean, dleasan nàiseanta is eadar-nàiseanta agus àiteachan airson greis gnìomhachais.

Tha Roinn Rianachd Shìostaman Fiosrachaidh aig Lùchairt Bhuckingham a' tabhann is a' toirt taic don mhòr chuid de shìostaman teicneolas fiosrachaidh an Teaghlaich. Tha uallach air Manaidsear Sìostaman Taic TF airson obrachadh nan sìostaman sin bho là gu là.

Tha trìuir Thasglannaichean air a bhith an urra ri rianachd nam pàipearan is faidhlichean co-cheangailte ri beatha phoblach Prionnsa na Cuimrigh, bho dheireadh nan 1960an. Tha pàipearan nas ùire anns an tasglann gan cumail aig Lùchairt Naomh Sheumais agus tha clàran nas aosta gan stòradh sna Tasglann Rìoghail aig Caisteal Windsor. Bidh an t-Àrd Thasglannaiche cuideachd a' dèiligeadh ri iarrtasan airson Am Prionnsa is A' Bhan-Diùc a bhith nan Cùil-taic no Cinn-suidhe de bhuidhnean, agus dèiligidhean co-cheangailte ri cùil-taic is cinn-suidhe a tha suidhichte mu thràth.

Conaltraidhean

Mar Oighre a' Chrùn, tha ùidh mhòr aig an t-sluagh is na meadhanan ann an gnìomhan Prionnsa na Cuimrigh, a thuilleadh air ann an cùisean co-cheangailte ri Ban-Diùc na Còirn agus Prionnsa Uilleam is Prionnsa Harry. 'S e dleastanas an Oifigeir Naidheachd fiosrachadh a thoirt seachad agus tuigse nas fheàrr, mu obair is gnìomhan Prionnsa na Cuimrigh fhurastachadh, dha luchd-èisteachd fharsaing. Bidh an t-Oifigeir Naidheachd cuideachd a' làimhseachadh iarrtasan meadhanan airson Ban-Diùc na Còirn agus an dà Phrionnsa, agus a' conaltradh gu dlùth le co-oibrichean ann an Oifis Naidheachd Lùchairt Bhuckingham a thaobh cùisean coitcheann co-cheangailte ris a' Mhonarcachd air fad.

Tha uallach air an Rùnaire Conaltraidh airson na h-Oifis Naidheachd, anns a bheil Rùnaire Naidheachd, dà Iar Rùnaire Naidheachd, dà Oifigeir Naidheachd, Iar Oifigeir Naidheachd, Deasaiche Làraich-lìn agus NP roinneil.

Bidh an Oifis Naidheachd a' làimhseachadh cheistean meadhanan mu gach taobh de obair is dreuchd A' Phrionnsa, a thuilleadh air cùisean Ban-Diùc na Còirn agus Prionnsa Uilleam is Prionnsa Harry, a' dèiligeadh, gach bliadhna, ri còrr air 40,000 brathan-fòn bho na meadhanan ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta. Bidh an roinn a' cur air dòigh goireasan meadhanan dha tachartasan poblach am Mòrachdan Rìoghail san RA agus thall thairis, air fad, agus a' sgaoileadh ceudan de dh'fhiosan naidheachd, teachdaireachdan, aithrisean meadhanan agus notaichean gnìomhachaidh gach bliadhna.

'S e pàirt de dhleastanas na h-Oifis Naidheachd cuideachd a bhith a' cumail suas làrach-lìn Prionnsa na Cuimrigh – www.princeofwales.gov.uk. Ann an 2006-07, thàlaidh an làrach-lìn còrr air millean briog duilleige gach mìos, agus 's e bun-fiosrachaidh thaitneach a th' innte dha na meadhanan, luchd-rannsachaidh agus dhan t-sluagh phoblach bhon RA agus thall thairis. A thuilleadh air an naidheachd as ùire mu thachartasan Am Mòrachdan Rìoghail, tha an làrach a' toirt fiosrachadh seachad mun obair, is an gnìomhan carthannais, a thuilleadh air òraidean a chaidh a thoirt seachad bho chionn ghoirid, fiosrachadh eachdraidheil, artaigilean is gailearaidh dhealbh. Tha fiosrachadh is naidheachdan mun Phrionnsa Uilleam is Prionnsa Harry ri fhaighinn air an làraich cuideachd. Am measg nan nithean ùra a th' air an làraich, tha goireas bhidio, agus chaidh sealltainn ris an fhilm a tha a' sealltainn latha de dhleastanas Am Mòrachdan Rìoghail ann am Birmingham, faisg air 64,000 turas sa chiad sheachdain a nochd e.

Maighstir Roinn an Teaghlaich

Tha uallach air Maighstir an Teaghlaich agus a roinn airson taighean-còmhnaidh, oifisean is gàrraidhean Am Mòrachdan Rìoghail, airson luchd-obrach pearsanta agus airson ruith iomlan chuirmean is tachartasan aoigheachd. Tha aoigheachd oifigeil na phàirt cudromach de dhleastanas Prionnsa na Cuimrigh is Ban-Diùc na Còirn. An-uiridh, thug iad aoigheachd dha 8,532 aoigh aig Taigh Chlarance agus ann an àitean-còmhnaidh Rìoghail eile. Tha na tachartasan sin a' dol bho bhith a' toirt aoigheachd do dh'aoighean oifigeil is ceannardan cèin gu bhith a' toirt dhinnearan is consairtean airson taing a thoirt don fheadhainn a tha an sàs ann am buidhnean carthannais A' Phrionnsa is na Ban-Diùc. Ann an 2006-07 chùm Am Mòrachdan Rìoghail 75 cuirmean, co-labhairtean, lòn is dinnearan.

Feumaidh a' chuid mhòr den luchd-obrach a tha a' ruith is a' cur air chois nan tachartasan sin a bhith ag obair seachd làithean san t-seachdain, a' gabhail a-steach a' chuid mhòr de dh'fheasgaran, le clàr seachdain air/seachdain dheth ga chur an gnìomh. Tha cosgaisean an luchd-obrach a bhios a' cuideachadh A' Phrionnsa is na Ban-Diùc ann an dleastanas priobhaiteach air an gabhail a-steach ann an caiteachas pearsanta. Tha buidéalair ag obair mar 'front of house' airson Am Mòrachdan Rìoghail, a' coinneachadh aoighean, a' faighinn dheochan agus a' cur rumannan air dòigh. Tha iad ag obair gu dlùth le na Manaidsearan Taighe, a tha a' stiùireadh chùisean dachaigheil is glanaidh, a thuilleadh air a bhith ag obair còmhla ri na Còcairean. Airson cuirmean is dinnearan nas motha, tha na manaidsearan tachartais a' stiùireadh chùisean co-cheangailte ri planadh, rianachd is solarachd. Tha aon Bhuidealair ag obair an-còmhnaidh.

Tha gillean-seòmair is oifigich-siubhail aig Prionnsa na Cuimrigh, ag obair ann an càraidean, seachdain air, seachdain dheth, airson a chuideachadh le aodach is èididhean oifigeil agus le aodach pearsanta. Tha dithis luchd-obrach aig a' Bhan-Diùc a bhios a' dèanamh nan aon dleastanasan dhìthse.

Bidh Prionnsa na Cuimrigh is Ban-Diùc na Còirn a' cleachdadh an dachaigh phrìobaiteach aig Highgrove, agus gu h-àraidh an Orchard Room taobh a-staigh a ghàrraidhean airson tachartasan oifigeil is cuirmean. Chaidh an Orchard Room a dhealbhadh is a thogail leis A' Phrionnsa gu sònraichte airson aoigheachd a thoirt do dh'aoighean oifigeil. Ann an 2006-07, mar eisimpleir, chaidh a chleachdadh airson 11 cuirm, co-labhairt is coinneamh-fiosrachaidh airson faisg air 1,200 aoigh agus bidh luchd-tadhail a' ghàrraidh uile a' faighinn tì no cofaidh.

An-uiridh thug Am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc cuireadh do chòrr air 24,000 neach a dhol timcheall a' ghàrraidh aig Highgrove, a' crìochnachadh le deochan anns an Orchard Room. As t-samhradh faodaidh suas ri 9 cuairtean de 25 neach gabhail àite gach là, a' tighinn gu faisg air 1,000 cuairt sa bhliadhna. Thug an luchd-tadhail, eatorra, £163,704 seachad do bhuidhnean carthannais A' Phrionnsa, gu saor-thoileach. A thuilleadh air sin 's dòcha, sa chumantas, gun coimhead an fheadhainn a tha a' frithealadh chuirmean oifigeil Samhraidh timcheall air a' ghàrradh. Tha Am Prionnsa, a tha dealasach airson dualchas nàdarra Bhreatainn a ghleidheadh, a' cleachdadh a' ghàrraidh mar àrainn ghlèidhteachais dha caochladh sheòrsa lusan, flùraichean is chraobhan a tha fo chunnart agus tha e an dòchas gum meal an fheadhainn a tha a' tadhal air a' ghàrradh na buannachdan a tha a' tighinn bho rianachd nàdarra fearainn is gàirnealaireachd fhàs-bheairteach.

Tha luchd-tadhail a' ghàrraidh a' gabhail a-steach buidhnean carthannais is gàirnealaireachd, is tha oileanaich ghàirnealaireachd is luchd-rannsachaidh ag obair sa ghàrradh fad na bliadhna. Chan eilear a' togail airgead airson nan cuairtean no nan deochan, ach faodaidh luchd-tadhail rudan a cheannach bho bhùth Highgrove, a bhios a' cur a prothaidean gu lèir gu Bunait Charthannasan A' Phrionnsa.

Tha sgioba de ghàirnealairean ag obair dhan Phrionnsa. Seach gur ann sa mhòr chuid airson cuairtean an t-sluaigh phoblaich a tha an gàrradh ga chleachdadh, tha a' mhòr-chuid de na cosgaisean gan cur gu caiteachas oifigeil (ged a tha cosgaisean oifigeil a thuilleadh air cosgaisean prìobhaiteach a' tighinn bho theachd a-steach prìobhaiteach A Mhòrachd Rìoghaile.) Tha an t-suim cothromachaidh, a tha air a thogail mar an t-lachd a tha Am Prionnsa is a' Bhan-Dhiùc a' faighinn bhon ghàrradh, ga chur gu caiteachas pearsanta. Tha Maighistir Roinn an Teaghlaich cuideachd a' gabhail a-steach Oifigearan (a tha a' sealltainn an dèidh uidheam oifis, is air a bheil uallach airson solar oifis, pàipear-sgrìobhaidh is càraichean na h-oifis), agus Fàiltichean, agus tha slàinte is sàbhailteachd an urra ris agus ri na Poileis airson dìon a chumail.

Buidhnean Carthannais

Tha Oifis a' Charthannais air a stiùireadh le Stiùirichean Carthannais, le taic bhon Leas Stiùiriche. Tha cosgaisean Oifis a' Charthannais a' tighinn bho Charities Foundation A' Phrionnsa.

'S e prìomh dhleastanas na h-Oifis taic is comhairle a thoirt do bhuidhnean carthannais Prionnsa na Cuimrigh, gu sònraichte do na 18 prìomh bhuidhnean, air gnothaichean leithid Riaghladh corporra, poileasaidhean thabhartais is maoinachadh, planadh agus conaltradh. Anns an dà bhliadhna mu dheireadh, chlà-bhuail Oifis a' Charthannais seat ùr nas fharsainge de Stiùiridhean Obrach airson a chleachdadh le bhuidhnean carthannais A' Phrionnsa uile, chruthaich i cuideachd co-ionannachd ùr roinnte dhaibh – ainmichte mar Buidhnean Carthannais A' Phrionnsa – agus dh'fhoillsich i caochladh stuthan airson an obair is a soirbheachadh a mhineachadh.

Tha Oifis a' Charthannais cuideachd a' furastachadh ceangal is co-obrachadh eadar na buidhnean, a' cuideachadh le bhith a' cur cinn-suidhe is urrasairean an dreuchd, agus thall thairis, le leasachadh bheachdan ùra is iomairtean. Tha i cuideachd air companaidh ùr mhalairteach a stèidheachadh airson taic a thoirt do chaochladh phròiseactan sònraichte leithid "Concert for Diana" a chuir Prionnsa Uilleam is Prionnsa Harry air chois mar chuimhneachan air am màthair, an gèam criocait, "The Friendship Cup" eadar na h-Ìnnseachan is Pagastan agus an aithriseachd telebhisein, "Stairway to Heaven". Chaidh companaidh eile cuideachd a stèidheachadh, Traditional Arts Limited, airson bathar a tha stèidhichte air dealbhachadh oileanaich is alumni bho School of Traditional Arts A' Phrionnsa, a reic. Tha Oifis a' Charthannais cuideachd a' stiùireadh pròiseact Accounting for Sustainability A' Phrionnsa.

TURSAN BLIADHNAIL

Bidh Am Prionnsa is A' Bhan-Diùc a' dèanamh grunn thursan a dh'Alba is dhan Chuimrigh gach bliadhna, is a thuilleadh air sin bidh iad a' fuireach seachdain ag obair ann an Lùchairt Holyroodhouse ann an Alba agus airson sreath de thachartasan oifigeil sa Chuimrigh. Thàinig cosgais nan tursan fada bliadhnail sin, a tha sa chumantas co-cheangailte ri cuirmean is dinnearan, gu timcheall air £30,497 ann an 2006-07, agus tha seo air a ghabhail a-steach ann an caiteachas 'oifigeil na h-aogheachd.'

COSGAISEAN OIFIGEIL SGRÙDAICHTE A RÈIR GNÈ CAITEACHAIS

Tha caiteachas air a bhith air a mhion-sgrùdadh is a mhineachadh a rèir roinne sna h-earrainnean roimhe seo. Tha an clàr a leanas a' mion-sgrùdadh dhleastanasan oifigeil is caiteachas gnìomhan carthannais a rèir gnè.

A' bhliadhna gu 31 Màrt	£000an 2007	£000an 2006
Cosgaisean luchd-obrach	4,800	4,374
Trèanadh, fastadh is sochairean luchd-obrach	159	109
Siubhal is teachd-an-tìr (le cosgaisean charbad)	221	252
Cìsean co-chomhairleachaidh is proifeiseanta bhon taobh a-muigh	188	167
Aogheachd oifigeil is cuirmean	391	387
Tabhartasan is gibhitean	50	42
Goireasan	162	103
Àitean-còmhnaidh is oifisean nach eil pàighte le Tabhartas Cuideachaidh	417	395
Seirbheisean naidheachd is fiosrachaidh	114	110
Pàipear-sgrìobhaidh is uidheam-oifis	215	135
Coimpiutairean is siostaman fiosrachaidh	195	192
Banas-taighe is glanadh oifisean	106	101
Àrachas	46	42
Gàrraidhean	41	41
Ìsleachadh	155	137
lomlan	7,260	6,587

Tha cuid de na h-atharrachaidhean eadar caiteachas làithreach is caiteachas na bliadhna roimhe minichte gu h-ìosal.

Tuarastalan

Tha cosgaisean luchd-obrach de £4.8 millean co-cheangailte ri 106.5 de luchd-obrach oifigeil agus tha iad a' gabhail a-steach tuarastalan, tabhartasan Àrachas Nàiseanta, tabhartasan pheinnsean agus sochairean eile. Rè na bliadhna chaidh tuilleadh luchd-obrach fhadastadh airson an sgioba stiùiridh a neartachadh agus airson dhreuchdan ann an Taigh Chlarence.

Siubhal is teachd-an-tìr

Chan eil an t-ìsleachadh ann an cosgaisean siubhail is teachd-an-tìr ri linn gluasad sam bith ach dìreach air sgàth an t-seòrsa obrach a chaidh a ghabhail os làimh rè na bliadhna.

Cìsean co-chomhairleachaidh is proifeiseanta bhon taobh a-muigh

Tha cìsean co-chomhairleachaidh is proifeiseanta bhon taobh a-muigh a' gabhail a-steach cìsean reachdail is sgrùdaidh.

Aogheachd oifigeil is cuirmean

Tha aogheachd oifigeil a' gabhail a-steach cuirmean, lòn is dinnearan a bhios a' gabhail àite ann an Taigh Chlarence, san Orchard Room aig Highgrove, Holyroodhouse agus ann an grunn àiteachan eile. Tha na cosgaisean a' gabhail a-steach gleidheadh, cumail suas is màl an Orchard Room.

Àitean-còmhnaidh is oifisean

Tha an t-àrdachadh sa chaiteachas a' foillseachadh cosgais àbhaisteach ann an caiteachas smachdaichte.

PÀIPEAR-TAICE

CÙRAMAN ÀRD STIÙIRICHEAN

Sir Michael Peat

Àrd Rùnaire Priobhaiteach

- Uallach iomlan airson an Teaghlaich is na h-Oifis
- Cùisean reachdail, stàite is deas-ghnàthach
- An Eaglais (a' gabhail a-steach Eaglais Chaitligeach na Ròimhe)
- Ceann-suidhe Bunait Charthannais A' Phrionnsa
- Diùcachd na Còirn
- Duchy Originals Earranta
- Na h-Oighreachdan Priobhaiteach
- Pròiseact Accounting for Sustainability A' Phrionnsa

Ealasaid Bhochanan

Rùnaire Priobhaiteach

- Stiùireadh iomlan air Oifis nan Rùnairean Priobhaiteach
- Stiùireadh iomlan den phrògram is leabhar-là
- Gnìomhachas cunntachail, a' gabhail a-steach Gnìomhachas sa Choimhearsnachd agus In Kind Direct
- Àiteachas is gnòthaichean dùthchail
- An àrainneachd nàdarra, a' gabhail a-steach Prògram Gnìomhachais A' Phrionnsa & Prògram na h-Àrainneachd, agus iasgach
- Am Poileas

Sir Calum Ros

Maighistir an Teaghlaich, le taic bho Anndra MacFhearchair, Iar Mhaighistir an Dachaigh

- Stiùireadh iomlan de chuirmean is aoigheachd
- Luchd-obrach pearsanta is dachaigheil
- Àitean-còmhnaidh is gàrraidhean air fad
- Uallach sòisealta
- Home Farm na Diùcachd

Virginia Carington

Leas Stiùiriche an Teaghlaich

- The Royal Collection
- Litrichean pearsanta is dleastanasan priobhaiteach

Leslie Ferrar

Ionmhasdair le taic bho Gary Atack, Leas Ionmhasair is Smachdair Ionmhais, Mimi Watts, Ceannard Sgiobachd is Rianachd, agus Daibhidh Hutson, Leas Ionmhasair is Manaidsear Chlàran

- Uallach iomlan airson gnòthaichean ionmhasail, cunntasachd agus tasgaidh
- Sgiobachd
- Teicneolas fiosrachaidh
- Clàr-seilbh
- Tasgaidhean is stiùireadh chlàran
- Clò-bhualadh, cùisean malairteach, cùmhnantach is reachdail
- AG Carrick
- Rùnaire companaidh Duchy Originals
- Stiùireadh iomlan ionmhasail air Buidhnean Carthannais A' Phrionnsa, le Stiùiriche Buidhnean Carthannais A' Phrionnsa
- US Charitable Foundation

Paddy Harverson

Rùnaire Conaltraidh, le cuideachadh bho Pàdraig Harrison, Rùnaire Naidheachd

- Gnòthaichean meadhanan air fad dha Prionnsa na Cuimrigh, Ban-Diùc na Còirn, Am Prionnsa Uilleam is Am Prionnsa Harry agus Diùcachd na Còirn

Sir Tom Shebbeare

Stiùiriche, Buidhnean Carthannais A' Phrionnsa, le cuideachadh bho Ann Chant, Iar Stiùiriche, agus Oliver Brind, Ceannard Leasachaidh

- Ro-innleachd airson is co-òrdachadh iomlan de Bhuidhnean Carthannais A' Phrionnsa, a' gabhail a-steach gu sònraichte, togail maoin is riaghladh
- Àrd Stiùiriche Bunait Charthannais A' Phrionnsa

Mark Leishman

Iar Rùnaire Priobhaiteach

- Alba, a' gabhail a-steach buidhnean Albannach A' Phrionnsa
- Slàinte, a' gabhail a-steach Bunait A' Phrionnsa airson Slàinte Aonaichte
- Foghlam, a' gabhail a-steach Institiùd Teagaisg A' Phrionnsa
- Ciorram
- Seann dhaoine, a' gabhail a-steach PRIME

Manon Williams

Leas Rùnaire Priobhaiteach

- A' Chuimrigh
- An àrainneachd thogte, a' gabhail a-steach Bunait A' Phrionnsa airson na h-Àrainneachd Togte
- Dualchas, a' gabhail a-steach Urras Ath-nuadhachaidh A' Phrionnsa
- Drawing School A' Phrionnsa
- Na h-Ealain, a' gabhail a-steach Ealain & Gnìomhachas, Arts & Kids Foundation Prionnsa na Cuimrigh
- PRIME-Cymru

Clive Alderton

Leas Rùnaire Priobhaiteach

- Cùisean cèin, a' gabhail a-steach tursan a-null thairis
- Leasachadh eadar-nàiseanta, a' gabhail a-steach International Business Leaders Forum Prionnsa na Cuimrigh
- Coimhearsnachdan cinneachail is creideimh
- School of Traditional Arts A' Phrionnsa

Amanda MacManus (pàirt-ùine), Joy Camm (pàirt-ùine), Katy Golding

Leas Rùnaire Priobhaiteach (pàirt-ùine)

- Eagrachadh is co-òrdanachadh thachartasan, obair charthannais is leabhar-là Ban-Diùc na Còirn

Jamie Lowther-Pinkerton

Rùnaire Priobhaiteach dha Prionnsa Uilleam is Prionnsa Harry

- A' comhairleachadh nam Prionnsan mun dreuchdan, cùil-taic carthannais is gnòthaichean eile, is a' cur air dòigh tachartasan oifigeil

Anita Kumar

Leas Rùnaire Priobhaiteach

- A' Cho-fhlaitheas
- Leasachadh susbainteach sna h-Ìnnseachan, a' gabhail a-steach Bunait Bhumi Vardaan

Jonathan Hellewell

Leas Rùnaire Priobhaiteach

- Urras A' Phrionnsa
- Èirinn a Tuath
- Roinn a' Chonaltraidh, fo stiùireadh Claudia Holloway, Ceannard a' Chonaltraidh

Squadron Leader Jayne Casebury

Neach-Frithealaidh

- Na Seirbheisean Armaichte agus Eòlaich
- Prògram, leabhar-là, siubhal is àireamhachd
- In-shealbhachaidhean
- Na Seirbheisean Èiginn (gun Am Poileas)
- Spòrs, rannsaichearan is dànairean

BUIDHNEAN CARTHANNAIS A' PHRIONNSA

'S e còmhlan de bhuidhnean chan ann airson prothaid a th' ann am Buidhnean Carthannais A' Phrionnsa, buidhnean air a bheil Prionnsa na Cuimrigh na Cheann-suidhe; chaidh 16 de na 18 buidhnean a stèidheachadh gu pearsanta leis A' Phrionnsa. 'S e a' bhuidheann an iomairt charthannais iom-adhbhar as motha a th' anns an Rìoghachd Aonaichte a' togail còrr air £119 millean gach bliadhna. Tha na buidhnean a' gnìomhachadh thar raon farsaing de roinnean, a' gabhail a-steach cothrom is iomairt, slàinte, na h-àrainneachd togte, gnìomhachas cunntasail is foghlam. Tha na buidhnean carthannais a' foillseachadh lèirsinn fad-ùine is ùr-ghnàthach Prionnsa na Cuimrigh, agus tha iad a' feuchainn ri dèiligeadh ri roinnean feumalachd ris nach deach coinneachadh fhathast.

COTHROM IS IOMAIRT

Urras A' Phrionnsa
www.princes-trust.org.uk Fòn: +44 (0) 20 7543 1234

Urras Gnìomhachais Òigridh Albannach A' Phrionnsa
www.psybt.org.uk Fòn: +44 (0) 141 248 4999

PRIME
www.primeinitiative.org.uk, www.primebusinessclub.com
Fòn: +44 (0) 20 8765 7833

PRIME – CYMRU
www.prime-cymru.co.uk Fòn: +44 (0) 1550 721 813

FOGHLAM

Drawing School A' Phrionnsa
www.princesdrawingschool.org Fòn: +44 (0) 20 7613 8568

Sgoil Ealain Thraidiseanta A' Phrionnsa
www.princessschooltraditionalarts.org Fòn: +44 (0) 20 7613 8500

Institiùd Teagaisg A' Phrionnsa (Oilthigh Chambridge)
www.princesti.org.uk Fòn: +44 (0) 20 3170 7926

SLÀINTE

Bunait A' Phrionnsa Airson Slàinte Aonaichte
www.fih.org.uk Fòn: +44 (0) 20 3119 3100

AN ÀRAINNEACHD THOGTE

Bunait A' Phrionnsa airson na h-Àrainneachd Togte
www.princes-foundation.org Fòn: +44 (0) 20 7613 8500

Urras Ath-nuadhachaidh A' Phrionnsa
www.princes-regeneration.org Fòn: +44 (0) 20 7462 6440

Bunait Turquoise Mountain
www.turquoisemountain.org Fòn: +44 (0) 1764 650 888

GNOTHACHAS CUNNTACHAIL AGUS AN ÀRAINNEACHD NÀDARRA

Gnothachas sa Choimhearsnachd
www.bitc.org.uk Fòn: +44 (0) 870 600 2482

Prògram Gnothachais is Àrainneachd A' Phrionnsa
www.cpi.cam.ac.uk/bep Fòn: +44 (0) 1223 342 100

Gnothachas Albannach sa Choimhearsnachd
www.sbcscot.com Fòn: +44 (0) 131 451 1100

International Business Leaders Forum Prionnsa na Cuimrigh
www.iblf.org Fòn: +44 (0) 20 7467 3600

In Kind Direct
www.inkinddirect.org Fòn: +44 (0) 20 7714 3930

NA H-EALAIN

Na h-Ealain & Gnothachas
www.AandB.org.uk Fòn: +44 (0) 20 7378 8143

Bunait Arts & Kids Prionnsa na Cuimrigh
www.artsandkids.org.uk Fòn: +44 (0) 20 7940 6692